5. The *third* comparative is used after the verb *rach*, go, and frequently after the preposition *air* ; as, Tha 'mhin a' dol 'an daoiread, *meal is getting dearer* ; is ann air a daoiread, *it is rather*. We can also say—tha 'mhin a' dol, a' fàs, *ag cinntinn na's daoire*.

a. After the verb *cuir* ; as, Ga 'chur 'an laghad, *lessening it*.

6. *Fìor*, *gle*, *ro*, and such like, are expressed only before the first of two or more adjectives ; as, Duine *ro* chòir, *fialaidh*, *furach*, *pàirteach*.

EXAMPLES.

<i>Positive.</i>	<i>1st Comparative.</i>	<i>2nd Comparative.</i>	<i>3rd Comparative.</i>
1. bàn, <i>white</i>	bàine	bàinid	bàinead
2. réith, <i>smooth</i>	réithe	réithid	réithead
3. dall, <i>blind</i>	doille	doillid	doillead
4. trom, <i>heavy</i>	truime	truimid	truimead
5. breac, <i>speckled</i>	brice	hricid	tricead
6. deas, <i>ready</i>	deise	deisid	deisead
7. beò, <i>lively</i>	beòtha	beòthaid	beothad
8. céillidh, <i>sedate</i>	céillidh	céillidhid	céillidhead
9. salach, <i>dirty</i>	sailche	sailchid	sailchead

21

Tha 'n diugh cho fada ris an raoir. Is co gheal 's an gruth leam fhein thu. Is gile na 'ghrian mo leanabh. Geal 's gam beil e, tha ann cho geal. Tha'n eallach trom, ach 's truimid i sid, agus tha ann a's truime. Tha mise sean, tha thusa na's sine, ach tha sinn uil' a' dol 'an sinead. 'S e 'n t-òr a's truime 'th 'ann. Co dhiù a's mù mise na esan ? 'S e so a's gairbhe na'm measg. Cha'n 'eil a' ghairbhead ann. Tha 'n t-each a' fàs sgìth. Tha so ro chaol. Is ann air a' chaoilead gu dearbh.

22

Yesterday was colder than to-day, but to-night is warmer. This is as white as snow. My child is whiter than the sun.

White as she is, there is whiter. The burden is light, but there is a lighter. It is the lighter for that. You are as old as I am, but we are not—none of us—getting younger. Is lead the heaviest of all? This is the prettiest of them. I am getting tired. That is too thick. It is rather thick indeed. Meal is getting dearer.

SHOOTING.

Have you the rifle ?	Am beil an isneach agad ?
There a deer !	Sid fiadh !
The wind is east.	'S ann near 'tha 'ghaoth.
Hand me my glass.	Fair a' ghloine.
Keep in the dog.	Cùm agad an cù.
Good sport ?	An d' éirich an t-sealg leibh ?
Pretty fair—twenty brace and a royal stag.	Mar nach olc — fichead paidhir agus làn-damh

LESSON XII.

[*Faic, Faigh* with particles, p. 51 ; revise prepositional pronouns, p. 58.]

COMPOUND NOUNS. I.

<i>Masculine.</i>		<i>Feminine.</i>	
Maor-fuinn, <i>a ground-officer.</i>		Cearc-fhraoich, <i>a moor-hen.</i>	
N. maor-fuinn	maoir-fhuinn	N. cearc-fhraoich	cearcan-fraoich
G. maoir-fhuinn	mhaor-fuinn	G. circe-fraoich	chearc-fraoich
D. maor-fuinn	maoir-fhuinn	D. circ-fhraoich	cearcan-fraoich
V. mhaoir-fhuinn	mhaora-fuinn	V. chearc-fhraoich	chearcan-fraoich

1. When the genitive describes the function or characteristic of the noun, as above, a hyphen is inserted.

a. The gen. plural undergoes no change ; as, Ord-chlach, *a stone-hammer* ; cas ùird-chlach, *the handle of a stone hammer.*

2. Simple nouns in apposition, and surnames, agree with their nouns like adjectives of quality ; as, Ord Dhònaill shaoir, *Donald the joiner's hammer.*

a. A compound appellative, or a simple appellative in apposition with a proper noun with surname or two or more adjectives, is in the nominative preceded by the article ; as, Tigh Shéumais, *am maor-fuinn, James the ground-officer's house* ; Bean Shéumais bhig ruaidh, *an clachair, the wife of little red-haired James the mason.*

23

Chrath e srian an eich-uisge rium. Lurga feadaig agus spead a' chromain-lòin. Chreach e nead na circe-fraoich. An ann 's a' choille-chuir a mharbh thu 'n earba? Tiugainn do thigh Dhònuill Chamrain. Bha sinn air chéilidh an tigh Màiri Caimbeil, agus fhuair sinn sgialachd bho Dhunnachadh brocair. Do'n àrd fhear-chiùil, Rìgh Dàbhaidh. Tha'n saor ag càramh glas dorus-cùil an tigh'-bhainne. Tha Ceit ag glanadh na cuaiche-bleoghainn. Bha na clòbairean a' rùsgadh nan caorach-maola an dé. Thoir so do Cheit Thòisich, a' bhanarach.

24

The mason broke the handle of the stone-hammer. The boys are at the back of the kennel. Who cut the ear of the collie? The sportsman thrashes the pointer. She is feeding the greyhound and the water-spaniel. Come to the shooting-lodge. He is bathing his eyes with eye-wash every night. This is Angus Campbell the foxhunter's daughter; and that is Donald M'Intosh the ground-officer's son. The children called at Sarah Fraser the dairymaid's house to-day. Last night we were in Donald Cameron the sailor's house, and thence went to James the tailor's. He sang us one of Angus the foxhunter's songs.

BOATING.

Let go the oars.
Pull.
To windward.
Back-water.
About.
Give her way.
Take the helm.
Steady.
Ashore!

Mach na ràimh
Iomair.
Cùm ris i.
Dian fotha
Mu'n cuairt i.
Thoir astar dhi.
Suidh air an stiùir.
Cùm air do làimh.
Gu tìr!

LESSON XIII.

[*Rach, Ruig* with particles, p. 52.]

COMPOUND WORDS. II.

Noun.		Adjective.	
<i>Sing.</i>	<i>Plur.</i>	<i>Sing.</i>	<i>Plur.</i>
<i>òr-chèard, a goldsmith.</i>		<i>crom-chas, a bandy-leg.</i>	
N. òr-chèard	òr-chiùird	N. crom-chas	crom-chasan
G. òr-chiùird	òr-cheard	G. crom-choise	chrom-chas
D. òr-cheard	òr-chiùird	D. crom-chois	crom-chasan
V. òr-chiùird	òr-chearda	V. chrom-chas	chrom-chasan

1. Adjectives of one syllable are often prefixed to nouns (other adjectives, and verbs) and aspirate such words.

a. Deagh, droch, fior, frith, mion, saobh, sàr, sean, seann, precede their nouns ; as, Deagh-thoil, *good-will*.

2. Words in *d-*, *t-*, are plain after *n* : as, Làn-damh, *a full grown stag*.

3. The prepositive term undergoes no change of termination.

25

Fàilt ort fhéin, a Mhòr-thir bhòidheach 'anns an òg-mhìos bhealltainn. Bha caoidh na h-òg-mhna mar bhinn-ghuth eala 'n guin-bhàis. Tha cas-fhalt mo rùin-sa gu siùbhlach a' snìomh. Tha 'mhaoisleach chùl-bhuidhe air feadh na dùslainn. Bha làmhainnean sìoda air mìn-bhasan bàna na banaraich. Trom-cheann marbh nach mosgail facal. An-uair air do chlod-cheann trom. Shiùbhladh am bàrd sléibhteann Bhreatunn le nighean bhòidheach an òr-fhuilt bhachalaich. Tha a m'òg-shùil ga m' bhuaireadh le suaicheantas-gràidh.

26

Thug an òg-bhean a sùil ris an t-sliabh. Caidil, a lùth-choin luath. Bidh ceileir ceòlmhor air feadh nan cròc-mhiar. Thréig am meas 's am miagh 's lìonmhòraich an droch-bheairt. Tha òighean na h-Eadailt gun teagamh ceòl-bhinn. Gheabh thu'n leabhar so air prìs leth-bhodaich agus gearra-bhodaich. Bha 'ghrian a' faoisgneadh gu h-òr-bhuidhe as a mogull. Thog sinn na siùil bhréidgheal ri crann, 's shìn sinn na gallain bhas-leathann anns na bacaibh le lùs ghlac-geal.

LESSON XIV.

[*Thig, Thoir* with particles, p. 52-3.]

PARTITIVES.

<i>Masculine.</i>		<i>Feminine.</i>	
<i>Sing.</i>	<i>Plur.</i>	<i>Sing.</i>	<i>Plur.</i>
Pàiste giullain, <i>a child of a boy.</i>		Clach mhine, <i>a stone of meal.</i>	
N. pàiste giullain, pàistean ghiullan.		N. clach mhine, clachan mine.	
G. pàiste ghiulain, pàistean ghiullan.		G. cloiche mine, chlachan mine.	
D. pàiste giulain, pàistean ghiullan.		D. cloich mhine, clachan mine.	
V. pàistean ghiulain, pàistean ghiullan!		V. chlach mhine, chlachan mine!	

1. Partitive nouns, and the adjectives *làn*, *buidheach*, *sgèth*, govern the genitive, or the dative with *de* ; as, *Pùnnnt feòla*, *a pound of flesh* ; *làn éisg*, *full of fish*.

a. De is used when the descriptive term is a noun definite, or when it has an attribute ; as, *Pùnnnt de'n mhin sin*, *a pound of that meal*.

b. Pailt, *gann*, *lom*, *falamh*, take *de* ; as, *Pailt de chàise*, *plentiful of cheese*.

2. Collective numerals, and cardinals and ordinals used definitely, govern the genitive plural ; as, *Ceathrar mhac*, *four sons* ; so, *Ceithir de na caoraich-mhaola*, *four of the Cheviot ewes*.

3. A noun of weight or dimension takes *air* ; as, *clach air chudrom*, *a stone in weight* ; *sia traidhean air àirde*, *six feet high*.

a. Mile, a mile, with *uidhe* and *astar* take *de* ; as, *Mile dh'uidhe*, *a mile of distance*.

27

Cheannaich mi clach chàise agus bolla de mhin-choirce. Tha còta breacain agam agus féileadh de thartan nan Tòiseach. Tha'n cliabh so làn éisg. Bha làn botail de dh-uisge-beath' aige 's a' phige-ruadh. Cha'n 'eil gean air a' phàiste—cha'n 'eil e buidheach cadail. Tha sinn sgèth fìdhle. Tha mi gann de thombaca, lom de 'n mhin, falamh de'n tì, 's cha'n 'eil mi pailt a dh-airgiod. Tha'n tigh so dà fhichead traidh air fad, seachd traidhean diag air liad, agus cóig traidhean diag air àirde. Tha mìle dh' uidhe ann co dhiù.

28

I sold a boll of pease meal and a stone of old cheese. I have a tartan kilt. He has a Macdonald tartan plaid, and a blue bonnet. He had a mutchkin of whisky in that red jar. I am scarce of sugar but I have plenty tobacco. We are out of (= empty) oat-meal. This shop is twenty-seven feet long, twelve feet high, and thirteen broad. Glasgow is forty-four miles from Edinburgh. James called to-day, with his four sons. Her three children died young. His seven sons were slain. The doors open at half-past six.

LESSON XV.

[Revise inflexion of nouns and adjectives, pp. 35-7.]

PROPER NAMES.

Persons.		Places.	
<i>James.</i>	<i>Sarah.</i>	<i>Perth, f.</i>	<i>Greece, f.</i>
N. Séumas	Mór	Peairt	a' Ghréig
G. Shéumais	Móire	Pheairt	na Gréige
D. Seumas	Móir	Peairt	a' Ghréig
V. Shéumais !	Mhór !	Pheairt !	a Ghréig !

1. Titles of men, proper names masculine, names of places, and of rivers, are aspirated.

a. After *gleann*, the name of a river is *plain* ; as, *Gleann Comhann*.

2. Proper names feminine, without the article, are plain.

a. *Clann*, a *clan* ; *sliochd*, *siol*, a *sept* ; *gille*, and *cill* prefixed to proper names ; and *féill* governed by *latha*, are aspirated ; as, *Moladh Chlann-Dònaill*, the praise of *Clandonald*.

b. Surnames, &c., in *c-*, *g-*, *d-*, *t-*, are usually plain after *-c*, *-l*, *-n* ; as, *Mac-Cailein*, *The Duke of Argyll* ; *mac Chailein*, *Colin's son*.

3. Titles precede Christian names ; as, *Sir Dònull*, *Sir Donald* ; *Bànrainn Màiri*, *Queen Mary*.

Except—*Aingeal*, *naomh*, *abstol* or *ostal*, *pàp*, *easbaig*.

a. *Caiptein*, *màidsair*, *còirneal*, *seanaileir*, colloquially, and *maighistir* follow the Christian name ; as, *Eobhan Caiptein*, *Captain Ewen*.

4. A noun in apposition used definitely, or having an attributive, is in the nominative ; as, *Fàilte Shir Séumas*, *Sir James's Welcome*.

a. *Fear*, and *mac*, are excepted.

5. NAMES OF PLACES.—Simple proper names of districts, the governing term of compounds, and names of rivers, are in the nominative ; as, *Bràighe Raineach*, *Taobh Mham-charraigh* ; *Drochaid Chomhann*.

a. *Gleann* is excepted ; as, *Cailein Ghlinn-Iubhair*, *Colin of Glenure*.

NAMES OF WOMEN.

Ann		Anna	Isabella		Iseabail
Christian		Cairistiona	Katherine		Catriona
Elizabeth		Ealasaid	Kate		Ceit
Euphemia		Aoirig	Lucy		Liùsaidh
Grissel		Gaorsal	Margaret		Mairghread
Helen		Eilidh	Mary		Màiri
Jane		Sine	Rachel		Raoghailt
Janet		Seònaid	Susan		Siùsaidh

NAMES OF MEN.

Allan		Ailein	James		Séumas
Alexander		Alastair	John		Iain
Andrew		Anndra	Kenneth		Coinneach
Angus		Aonghus	Louis		Ludhais
Archibald		Gilleasbaig	Malcolm		Calum
Arthur		Art	Martin		Martainn
Charles		Téarlach	Michael		Micheil
Colin		Cailein	Murdoch		Murchadh
Donald		Dònnall	Neil		Nial, Neul
Duncan		Dunnachadh	Norman		Tormaid
Ewen		Eòbhan	Paul		Pàl
George		Deòrsa	Robert		Rob
Hector		Eachann	Ronald		Raonall
Henry		Eanraig	Samuel		Somhairle
Hugh		Uistein	Thomas		Tómas

29

So tigh Shéumais Chaimbeil. An do reic thu mart Móire bàine? Sheinn thu Co-theanal Chlann-Chamrain cho binn ri cluig Pheairt. Bratach bhuadhach Shìol-Leòid. Bàs Shir Dònnall bho 'n Chaol. Each Dhònnall Chaiptein. Currac Mhr. Eòbhan. Thachair sinn aig ceann drochaid Ghairidh. 'S e Uilleam Ros a rinn cumha Chailein. B' fhuath le Iain Lom Mac-Cailein agus Sìol-Diarmaid uile. 'S e Bail'-a'-Mhoraire oighreachd Bànrainn Victoria 'an Albainn. Rinn-eadh bristeadh air na Gàidhil latha Chuil-fhodair.

30

This is Donald Cameron's house. He bought red Mary's horse. You played the Macpherson's Gathering very well. In the time of King Charles I. After the death of Queen Ann. The massacre of Glencoe. The death of Lord Clyde. Glenshiel. Is that Mac-Callum's book you are reading? This is Mr. James's horse. The poet fell in love with Sarah the beautiful young maid. The old man died in the house of his daughter Sarah.

Note.—Names of places may be—

1. A single noun ; as, Bàrasdal, Fionnairidh.
2. A noun with the article ; as, An t-Earrachd, a' Chill, na Cluaineán.
3. A noun with an adjective, or genitive indefinite ; as, An Coire-gorm, an Aird'-rainich.

4. A noun with another noun used definitely; as, Fearann-Dònaill, Coir'-a'-cheathaich, Cùl-na-Ceapaich, Camus-nan-gall, Eilein-da-bhàrr.

EXAMPLES.—1. Muilt Bhàrasdail; Bràigh Fhionnairidh. 2. Fear an Earrachd; Baile na Cille. 3. Moladh a' Choire-ghuirm; Latha Aird'-rainich. 4. Ceann Dail-Adhaimh; Oran Choir'-a'-cheathaich; tigh Dhail-na-bighe; Fear Chamus-nan-gall.

LESSON XVI.

1. The following verbs combined with nouns (and prepositions) are generally rendered by simple verbs:—

bi, <i>be</i> ; is, <i>is</i>	faigh, <i>get</i>	leig, <i>let</i>
cuir, <i>put</i>	fàs, <i>or</i> , }	rach, <i>go</i>
cùm, <i>keep</i>	cinn, }	thig, <i>come</i>
dian, <i>do, make</i>	gabh, }	thoir, <i>give</i>
fàg, <i>leave</i>	glac, }	tog, <i>lift</i> .

Examples—Stad, *a stop*, dian stad, *stop*; car, *a turn*, cuir car dheth, *turn it*; sgìth, *tired*, dh'fhàg e sgìth thu, *it fatigued you*.

2. *Dian, rach, faigh*, take a possessive pronoun before a verb-noun formed from a transitive verb; as, Na dian a chiùrradh, *do not hurt him*; théid a bualadh-se cuideachd, *SHE shall be struck also*.

a. Emphasis is better expressed by an emphatic personal pronoun with the infinitive; as, Théid *ean* a bhualadh, *HE shall be struck*.

b. If the verb-noun be formed from a preposition-verb, *rach* takes an infinitive phrase; as, Théid gabhail oirre (*a dhianamh*), *she shall be beat*; the infinitive however is not expressed.

31

Is toigh leam an te dhìleas, dhonn. Tha gaol agam air a' ghille. Cha'n 'eil fuath no gràin agam oirre. Cuir sùrd ort fhéin, agus bi 'd dhuine. Cùm cuimhn' air sin. Is cuimhne leam an uair a bha thu 'd phreasan. Gabh iolla ris a' chirc. Ghabh an t-each maoim. Cuir 'am bogadh a' bhraich. Leigibh fois leis a' phàiste. So an sonn a chaidh a leòn 's a' bhlàr. Fhuair an t-uan am bàs. Théid na cluasan a thoirt dheth fhéin fhathast. Dian caomhna mhath air a' bheagan Bhéurla, 's na Goill uile romhainn.

32

Does she like to be alone? He was in love with the young maid. He neither hates nor dislikes her. Bestir yourself and act like a man. You shall come at half-past seven, remember that. Do you remember when that large tree was a sapling? Is that the soldier that was wounded in the battle? Steep the linen. Are those the bones of the horse that died last year. He shall be deceived himself yet. Be seated—she is going to sing a song. I regret that I did not do it. I am glad that you have come. I would prefer that one. The horse shyed and the rider fell.

IDIOMS.

- Is àill leam, *I wish, or desire.*
- Is aithne dhomh, *I know.*
- Is aithreach leam, *it repents me.*
- Is annsa leann, *I prefer.*
- Is beag orm, *I hate.*
- Is coma leam, *I care not.*
- Is cruaidh dhomh, *it is hard of me.*
- Is cuimhne leam, *I remember.*
- Is dual domh, *it is natural to me.*
- Is duilich leam, *I regret.*
- Is fhèarr leam, *I prefer.*
- Is fhèarr dhomh, *it is better for me.*
- Is fhiach dhomh, *it is worth my while.*
- Cha'n fhiach leam, *it is beneath me.*
- Is ion domh, *it is proper for me.*
- Is léir dhomh, *I see.*
- Is math leam (gu'n), *I am glad (that).*
- Is math dhomh, *it is good for me.*
- Is miann leam, *I wish, desire.*
- Is mithich dhomh, *it is time for me.*
- Cha mhù orm, *I care not.*
- Is nàr dhomh, *it is a shame to me.*
- Is olc dhomh, *it is bad of me.*
- Is taitneach leam, *I like, pleasant to me.*
- Is toigh leam, *I like, love.*
- Is truagh leam, *I pity.*

TABLE OF DECLENSIONS.—I.

	First		Second	Third	Fourth	Fifth
	i. <i>Sing.</i>	ii. <i>Sing.</i>				
N.	bàrd, m., <i>a poet</i>	bròg, f., <i>a shoe</i>	iii. <i>Sing.</i> cruite, f., <i>a harp</i>	<i>Sing.</i> cathair, f., <i>a chair</i>	<i>Sing.</i> màthair, f., <i>a mother</i>	<i>Sing.</i> clàrsair, m., <i>a harper</i>
G.	bàird, <i>of a poet</i>	bròige	cruite	cathrach	màthar	clàrsair
D.	bàrd, <i>a poet</i>	bròig	cruit	cathair	màthair	clàrsair
V.	bhàird, <i>o poet !</i>	bhròg !	chruit !	chathair !	mhiathair !	chlàrsair !
	<i>Plur.</i>	<i>Plur.</i>	<i>Plur.</i>	<i>Plur.</i>	<i>Plur.</i>	<i>Plur.</i>
N.	bàird, <i>poets</i>	brogan	cruitean	cathraichean	màthraichean	clàrsaiean
G.	bhàird, <i>of poets</i>	bhròg	chruitean	chathraichean	mhiathraichean	chlàrsaiean
D.	bàird, <i>poets</i>	brogan	cruitean	cathraichean	màthraichean	clàrsaiean
V.	bhàirda, <i>o poets !</i>	bhrògan !	chruitean !	chathraichean !	mhiathraichean !	chlàrsaiean

1. The genitive is governed by nouns, adjectives, the present participle, and the compound prepositions.
2. The dative is governed by simple prepositions.
3. The vocative is governed by *a*.

Shaw, Stewart, Armstrong, Currie, and Forbes give but *two* declensions, while Munro gives *five*. Zeuss gives but two, O'Donovan and Bourke give four, while Joyce gives *five*.

TABLE OF DECLENSIONS.—II.

Case	<i>a</i> a = o		<i>b</i> a, o = u		<i>c</i> ea, io = i		<i>d</i> ea, éu, ia = ei		<i>e</i> eu, ia = eo	
	m.	f.	m.	f.	m.	f.	m.	f.	m.	f.
N.	dall	clach	balg	lóng	ceann	cearc	each	'iall	mìar	
G.	doill	cloiche	builg	luinge	cinn	cìree	eich	éille	meòir	
D.	dall	cloich	balg	luing	ceann	cìre	each	éill	mìar	
V.	dhoill !	chlach !	bhuilg !	lóng !	chinn !	chearc !	'eich !	'iall !	mheòir !	
	<i>Plur.</i>		<i>Plur.</i>		<i>Plur.</i>		<i>Plur.</i>		<i>Plur.</i>	
N.	doill	clachan	builg	longan	cinn	cearcán	eich	iallan	meòir	
G.	dhall	chlach	bhalg	long	cheann	chearc	each	iall	mhiar	
D.	doill	clachan	builg	longan	cinn	cearcán	eich	iallan	meòir	
V.	dhalla !	chlachan !	bhalga !	longan !	cheanna !	chearcán !	'eacha !	'ialla !	mhiara !	
	<i>a blind man</i>		<i>a bag</i>		<i>a head</i>		<i>a horse</i>		<i>a finger</i>	

b. Ceòl makes *cìuil*, and seòl makes *sìuil*.

d. Derivatives having *ea* sounded like *ě*, change *ea* into *ei* in the genitive ; as, *Caileag*, *a little girl*, *gen. Caileige*, *pl. Caileagan*.

FIRST DECLENSION.

i. a. Singular—masculine.

1. The genitive singular inserts *i* after the last broad vowel ; as, Bàrd, *m.*, a poet ; gen. bàird, *of a poet*.
2. The dative is like the nominative plain or aspirated.
3. The vocative is like the genitive aspirated.

b. Plural—masculine.

4. The nominative plural masculine of monosyllables is like the genitive singular.
 - a.* Polysyllables make the plural by adding *an* to the gen. sing. ; as, Aonach, *a hill* ; pl. aonaichean.
5. The genitive plural is like the nominative sing. aspirated.
 - a.* The genitive plural of polysyllables is often like the nom. plural.
6. The dative plur. is like the nom. plur., or is formed by adding *ibh* to the nom. singular.
 - a.* Nouns in *-bh*, and *-mh*, have the dative plural like the nom. plural.
7. The vocative plural is like the nom. plural, or it ends in *a* or *e*.
 - a.* Monosyllables make the vocative plural in *a* or *e*.

ii. a. Feminine—singular.

1. The genitive singular feminine inserts *i* and adds *e* ; as, Bròg, *f.* a shoe, gen. bròige.
 - a.* In words of more than one syllable the addition of *e* is optional.
2. The dative is like the gen. without the final *e*.
3. When the last vowel of the nom. is *i*, the genitive is formed by adding *e* only ; as, Cruit, *f.* a harp, cruite, *of a harp*.
4. The vocative is like the nom. aspirated.
5. The nominative plural feminine adds *an*.
6. The genitive plural is like the nom. singular or plural ; but that of monosyllables whose last vowel is broad, is oftener like the nominative singular.
 - a.* The other cases are like the plural masculine.
7. Certain nouns masculine, and feminine, having *a*, *o*, *ea*, *éu*, *ia*, *io*, change the vowel or diphthong before inserting *i*.
See 2nd table of Declensions.

SECOND DECLENSION.

1. The genitive singular adds *a* ; as, Béum, *a blow* ; gen. sing. béum*a*.
2. The dative is like the nominative.
 - a.* Feminines of this declension sometimes make the dative in *-idh* ; as, Criadh, *f. clay* ; le creadhaidh, *with clay*.
3. The plural adds *-annan*, or *-an* to the nom. singular.
4. The other cases are like those of the first declension.

THIRD DECLENSION.

1. The genitive singular contracts the last syllable and adds *ach* ; as, Srathair, *f. a pack-saddle* ; gen. srathrach.
2. The dative is like the nominative.
3. The plural contracts the last syllable and adds *ichean* ; as, Srathraichean.
4. The other cases are like those of the first declension.
5. The terminations are—*-air*, *-ir*, *-eir* not denoting agents ; and a few in *-ail*, *-eil*, *-ain*.

FOURTH DECLENSION.

1. The genitive singular elides the last vowel of the nominative ; as, Màthair, *f. a mother* ; gen. màthar.
2. The dative is like the nominative.
3. The plural elides the last vowel, and adds *ichean* ; as, Màthraichean.
4. The other cases are like those of the first declension.

FIFTH DECLENSION.

1. Nouns of the fifth declension end alike in the singular ; as, Clàrsair, *m. a harper*, gen. clàrsair.
 - a.* Dissyllables feminine ending in a vowel often form the dative singular by adding *idh* ; as, Buaile, *f. a cattle-fold* ; do'n bhuaile, or do'n bhuailidh, *into the cattle-fold*.
2. Nouns ending in a vowel in, *-chd*, *-rr*, *-th*, *-ein*, *-idh* ; and dissyllables in *-air*, *-ear*, *-eir*, denoting agents, are of the fifth declension.
3. The plural is formed by adding *-an*, *-annan*, *-innean*, *-achan*, *-ichean*, *-in*, *-tan*, *-tean*.
 - a.* Some nouns in *-a* add *-ichean* ; and some in *-c* add *-achan* ; as, Còire, *m. a kettle*, plur. coireachan ; bàta, *m. a boat*, plur. bàtaichean.

INFLEXION OF ADJECTIVES.

1. Adjectives are of the First declension, or of the Fifth only.

2. Monosyllables generally end in *a* or *e* in the plural.

3. Adjectives of more than one syllable, and those ending in vowels, have the plural like the nominative singular.

a. A few in vowels add *a*.

4. An adjective qualifying a nominative plural formed like the genitive singular is aspirated; as, *Eich bhàna, white horses.*

a. FIRST DECLENSION.

<i>i. Bàn, white.</i>			<i>ii. Mìn, smooth.</i>		
Singular.		Plural.	Singular.		Plural.
<i>mas.</i>	<i>fem.</i>	<i>m. & f.</i>	<i>mas.</i>	<i>fem.</i>	<i>m. & f.</i>
N. bàn,	bhàn,	bàna.	N. mìn,	mhìn,	mìne.
G. bhàin,	bàine,	bàna.	G. mhìn,	mìne,	mìne.
D. bàn,	bhàin,	bàna.	D. mìn,	mhìn,	mìne.
V. bhàin !	bhàn !	bàna !	V. mhìn.	mhìn !	mìne.

b. FIFTH DECLENSION.

<i>i. Beò, living.</i>			<i>ii. Bochd, poor.</i>		
N. beò,	bheò,	beò-tha.	N. bochd,	bhochd,	bochd-a.
G. bheò,	beò,	beò.	G. bhochd,	bochd-a,	bochd.
D. beò,	bheò,	beò.	D. bochd,	bhochd,	bochd.
V. bheò !	bheò.	beò !	V. bhochd !	bhochd !	bochd.

CONTRACTED AND IRREGULAR ADJECTIVES.

SINGULAR.				PLURAL.
<i>Nom. m.</i>	<i>Gen. m.</i>	<i>Gen. f.</i>	<i>Dat. f.</i>	<i>mas. & fem.</i>
Blasda, <i>sweet,</i>	bhlasda,	blaisde,	bhlaisde,	Blasda.
Bodhar, <i>deaf,</i>	bhodhair,	buidhre,	bhuidhir,	Bodhra.
Bòidheach, <i>pretty,</i>	bhòidhich,	bòidhche,	bhòidhich,	Bòidheach.
Cumhang, <i>narrow,</i>	chumhaing,	cninge,	chumhaing,	Cumhang.
Daingeann, <i>tight,</i>	dhainginn,	daingne,	dhainginn,	Daingeann.
Dileas, <i>faithful,</i>	dhilis,	dilse,	dhilis,	Dileas.
Domhain, <i>deep,</i>	dhomhain,	doimhne,	dhomhain,	Domhain.
Duilich, <i>difficult,</i>	dhuilich,	{ duiliche, duilghe,	{ dhuilich,	Duilich.
Fada, <i>long,</i>	fhaide,	faide.	fhaide,	Fada.
Gnàda, <i>ugly,</i>	ghnàide,	gnàide,	ghnàide,	Gnàda.
Iosal, { <i>low,</i>	{ iosail,	iosail,	iosail,	Iosal.
Iseal, {	{ isil,	isle,	isil,	Iseal.
Leathann, <i>broad,</i>	leathainn,	lèithne,	leithinn,	leathann.

Milis, <i>sweet</i> ,	mhilis,	milse,	mhilis,	milis.
Odhar, <i>pale</i> ,	idhir,	idhre,	idhir,	odhra.
Reamhar, <i>fat</i> ,	reamhair,	reamhra,	reamhair,	reamhra.
Salach, <i>dirty</i> ,	shalaich,	sailche	shalaich,	Saloch.
Sleomhainn, <i>slippery</i> ,	shleomhainn,	sleomhna,	shleomhainn,	Sleomhna.
Sòmhail, } <i>unbulky</i> ,	{ shòmhail,	sòmhla,	shomhail,	Sòmhla.
Sùmhail, }	{ shùmhail,	sùmhla,	shumhail,	sùmhla.
Tana, <i>thin</i> ,	thana,	taine,	thana,	tana.
Tioram, <i>dry</i> ,	thiorainn,	tiorma,	thiorma,	tiorma.
Uasal, <i>noble</i> ,	uasail,	uaisle,	nasail,	naisle.
Dòmhail, }	dhòmhail,	dòmhla,	dhòmhla,	dòmhla.
Dùmhail, }	dhùmhail,	dùmhla,	dhùmhla,	dùmhla.

IRREGULAR COMPARATIVES.

<i>Positive.</i>	<i>I. Comparative.</i>	<i>II. Comparative.</i>	<i>III. Comparative.</i>
Beag, <i>little</i>	{ bige lugha	bigid lughaid	bigead. lughad.
Càr, <i>akin</i>	càra		
Còir, <i>proper</i> ,	còra		
Cumhang, <i>narrow</i> ,	euinge	euingid	cuingead.
Dògh, <i>likely</i> ,	dòcha	dochaid	
Dona, <i>bad</i> ,	{ dona, miosa,	donaid miske	donad. miosad.
Dùgh, <i>natural</i> ,	dùcha		
Duilich, <i>difficult</i> ,	duilghe,	dnìlghid,	duilghead.
Dùr, <i>difficult</i> ,	dorra,	dorraid,	dorrad.
Fagus, } <i>near</i> ,	{ faigse,	faigsid,	faigsead.
Faisg, }	{ faisge,	faisgid,	faisgead.
Farasda, } <i>easy</i> ,	{ fasa,	fasaid,	fasad.
Furasda, }	{ fusa,	fasaid,	fasad.
Gèarr, } <i>short</i> ,	giorra	giorraid,	giorrad,
Góirid, }			
Géur, or } <i>sharp</i> ,	{ géire,	géirid,	géiread.
Giar, }	{ gedire,	gedirid,	geoiread.
Ion, <i>proper</i> ,	iona		
Ionmhuinn, <i>desirable</i> , r.	{ ionnsa, annsa,		
Làidir, <i>strong</i> , r.	treasa,	treasaid,	treasad.
Math, or } <i>good</i> ,	{ fèarr,	fèairid,	fèarras.
Maith, }	{ feotha,	feothaid,	feothas.
Mòr, <i>great</i> ,	{ mò, motha,	mòid,	{ miad.
	{ mù, mutha,		{ moid.
Olc, <i>bad</i> ,	miosa,	misde,	{ olcas.
			{ miosad.
Teth, <i>hot</i> ,	teotha,	teothaid,	teothad.
Toigh, }	{ docha,	dochaid,	dochad.
Toigheach, } <i>beloved</i> ,	{ tocha,	tochaid,	tochad.

THE NOUN WITH THE ARTICLE.

(Lesson II.)

Masculine.			Feminine.	
Sing.	Plur.		Sing.	Plur.

b-, m-, p-.

Am mac, <i>the son.</i>			A' mheidh, <i>the balance.</i>		
N.	Am mac	na mic	N.	A' mheidh	na meidhean
G.	a' mhic	nam mac	G.	na meidhe	nam meidhean
D.	{ a' * mhac	na mic, <i>or</i>	D.	{ a' * mheidh	na meidhean, <i>or</i>
	{ 'n † mhac	na macaibh.		{ 'n † mheidh	na meidhibh.

c-, g-.

An crann, <i>the plough.</i>			A' ghas, <i>the sprig.</i>		
N.	An crann	na croinn	N.	A' ghas,	na gasan
G.	a' chroinn	nan crann	G.	na goise	nan gasan
D.	{ a' * chrann	na croinn, <i>or</i>	D.	{ a' * ghois	na gasan, <i>or</i>
	{ 'n † chrann	na crannaibh.		{ 'n † ghois	na gasaibh.

d-, l-, n-, r-, t-, sg-, sm-, sp-, st.

An dòrn, <i>the fist.</i>			An leac, <i>the flag.</i>		
N.	an dòrn	na dùirn	N.	an leac	na leacan
G.	an dùirn	nan dòrn	G.	na lice	nan leacan
D.	{ an dòrn	na dùirn, <i>or</i>	D.	{ an lic, <i>or</i>	na leacan, <i>or</i>
	{ 'n dòrn	na dòrnaibh.		{ 'n lic	na leacaibh.

f-.

Am fear, <i>the man.</i>			An fhras, <i>the shower.</i>		
N.	am fear	na fir	N.	an fhras	na frasan
G.	an fhir	nam fear	G.	na froise	nam frasan
D.	{ an fhear, <i>or</i>	na fir, <i>or</i>	D.	{ an fhrois, <i>or</i>	na frasan, <i>or</i>
	{ 'n fhear	na fearaibh.		{ 'n fhrois	na frasaibh.

sa-, so-, su-, si-, se-, sl-, sn-, sr-.

An saor, <i>the joiner.</i>			An t-slat, <i>the rod.</i>		
N.	an saor	na saoir	N.	an t-slat	na slatan
G.	an t-saor	nan saor	G.	na slaite	nan slatan
D.	{ an t-saor	na saoir, <i>or</i>	D.	{ an t-slait, <i>or</i>	na slatan, <i>or</i>
	{ 'n t-saor	na saoraibh.		{ 'n t-slait	na slataibh

Vowels.

An t-each, <i>the horse.</i>			An iall, <i>the thong.</i>		
N.	an t-each	na h-eich	N.	an iall	na h-iallan
G.	an eich	nan each	G.	na h-éille	nan iallan
D.	{ an each, <i>or</i>	na h-eich, <i>or</i>	D.	{ an éill, <i>or</i>	na h-iallan, <i>or</i>
	{ 'n each	na h-eachaibh.		{ 'n éill	na h-iallaibh.

* A' is used before b-, p-, m-, c-, g-, governed by a prep. ending in consonant.

† 'N is used after a prep. ending in a vowel.

THE VERB.

1. Voices—The Active, and the Passive.
2. Moods—Indicative, Subjunctive, Imperative.
3. Tenses—*i.* The Present ; as, Thà mi, *I am.*
ii. The Past ; as, Bhà mi, *I was.*
iii. The Future ; as, Bithidh mi, *I shall be.*

a. *Bi* and *is* only have a simple present tense ; that of other verbs is formed by *bi* with the *present participle* ; as, Tha mi a' sgrìbheadh, *I am writing.*

MODEL OF CONJUGATION.

ACTIVE VOICE—*principal parts.*

<i>Be.</i>		<i>Clean.</i>	<i>Drink.</i>	<i>Fold.</i>
<i>Imper.</i>	bi,	glan,	òl,	fill.
<i>Pres. ind.</i>	thà,			
<i>Past ind.</i>	bhà,	ghlan,	dh' òl,	dh' fhìll.
<i>Future ind.</i>	bithidh,	glanaidh,	òlaidh,	fillidh.
<i>Infinitive</i>	a bhi,	a ghlanadh,	a dh- ol,	a dh- fhilleadh.
<i>Pres. Part.</i>	na m', &c.	a' { glanadh,	ag { òl.	a' { fhilleadh.

Gun a bhi, not to be. gun ghlanadh. gun òl. gun fhilleadh.

SUBJUNCTIVE MOOD.

I should be, &c.

<i>Be.</i>	<i>Clean.</i>	<i>Drink.</i>	<i>Fold.</i>
Bhithinn,*	ghlanainn,	dh' òlainn,	dh' fhìllinn.
Bhitheadh tu,	ghlanadh tu,	dh' òladh tu,	dh' fhilleadh tu.
Bhitheadh e, i,	ghlanadh e, i,	dh' òladh e, i,	dh' fhilleadh e, i.
Bhitheamaid,	ghlanamaid,	dh' òlamaid,	dh' fhilleamaid.
Bhitheadh sibh,	ghlanadh sibh,	dh' òladh sibh,	dh' fhilleadh sibh.
Bhitheadh iad.	ghlanadh iad,	dh' òladh iad,	dh' fhilleadh iad.

* To express emphasis affix *-sa*, *-ne* or *-e*, to the pronominal terminations ; as, Bhithinn-sa, *I would be* ; Bhitheamid-ne, bhitheamid-e, or, bhitheamaid, *we should be* ; sa, se is used with the 2nd of the imperative : Dian-sa sin, *do thou that* ; dianaibh-se sin, *do ye that*.

IMPERATIVE MOOD.

Let me, &c.

<i>be.</i>	<i>clean.</i>	<i>drink.</i>	<i>fold.</i>
bitheam,* bi, bithidh e, i, bitheamaid, bithibh, bitheadh iad.	glanam, glan, glanadh e, i, glanamaid, glanaibh, glanadh iad.	òlam, òl, òladh e, i, òlamaid, òlaibh, òladh iad.	filleadh e, i, fill. filleadh e, i, filleamaid, fillibh, filleadh iad.

THE AUXILIARIES.

May, can, must, ought.

<i>Present or Future.</i>	<i>Past.</i>	<i>Present or Future.</i>	<i>Past.</i>
Faodaidh mi, <i>I may,</i> is urrainn domh, <i>I can,</i> is còir dhomh, <i>I ought.</i>	dh'fhaodainn, <i>I might,</i> b'urrainn domh, <i>I could,</i> bu chòir dhomh, <i>I ought.</i>	féumaidh mi, <i>or</i> fimiridh mi, <i>I must,</i> is éndardhomh, <i>I must.</i>	dh'fhéumainn, ordh'fhimirinn, <i>I wou'd need,</i> b'éndar dhomh, <i>I was obliged.</i>

IRREGULAR VERBS.

Principal parts.

<i>Root.</i>	<i>Past ind.</i>	<i>Future ind.</i>	<i>Past sub.</i>	<i>Pres. part.</i>
<i>bear, beir,</i> <i>come, thig,</i> <i>do, dian,</i> <i>get, faigh,</i> <i>give, thoir,</i> <i>go, rach,</i> <i>hear, cluinn,</i> <i>reach, ruig,</i> <i>say, abair,</i> <i>see, faic,</i>	rug thàinig rinn fhuair thug chaidh chuala ràinig thuirt chunnaic	beiridh thig ni gheabh bheir théid cluinnidh ruigidh their chì	bheirinn thiginn dhianainn gheabhainn bheirinn rachainn chluinninn ruiginn theirinn chithinn	a' breith a' tighinn a' dianamh a' faighinn a' toirt a' dol a' cluinntinn a' ruighinn ag ràdh a' faicinn

FORMATION OF TENSES.

i. Active Voice.

1. The *root* or *theme* is the *second* of the imperative ; as, Buail, *strike*.

2. The past indicative is the root aspirated ; as, Bhuail mi, *I struck*.

a. *Dh*, or *d'*, is used before a vowel or *fpure* ; as, Dh'òl mi, *I drank* ; dh'fhill mi, *I folded* ; an d'òl mi ? *did I drink*.

3. The future indicative adds *idh* (*as* after the relative, &c.) to the root ; as, Buailidh mi, *I shall strike* ; ma bhuail^aas mi, *if I strike* ; am fear a bhuail^aas, *the man who shall strike*.

4. The past subjunctive aspirates the root and adds *inn* for the first person singular ; *amaid* for the first person plural ; and *adh* for the second and third persons singular and plural ; as, Bhuailinn, bhuail^aamaid, bhualeadh, tu, e, i, sibh, iad.

5. The imperative adds *am* for the first person singular ; *amaid* for the first person plural ; *ibh* for the second person plural ; and *adh* for the third persons of both numbers ; as, Buileam, buail^aamaid, buailibh, buileadh, e, i, iad.

ii. Passive Voice.

1. The past indicative aspirates the root, and adds *adh* ; as, Bhuileadh mi, *I was struck*.

2. The future adds *ar* ; as, Builear mi, *I shall be struck*.

3. The subjunctive mood adds *-teadh* ; as, Bhuailteadh mi, *I should be struck*.

4. The imperative adds *ar* (or *tear*) ; as, Builear (or buailtear) mi, *let me be struck*.

a. The passive tenses of *dian*, and the active tenses of *faigh* and *rach*, combined with verb-nouns, preceded by a possessive pronoun, are frequently used for the simple passive form ; as, Rinneadh a bualadh, *she was struck*.

b. Preceded by the relative *dian* and *rach* take the infinitive instead of the verb-noun with a possessive pronoun ; as, Na fir a chaidh a mharbhadh, *the men who were killed*.

1. *Defective* verbs are such as—*siuthad*, *say away*, pl. *siuthadaibh* ; *tiugainn*, *come along*, pl. *tiugainnibh* ; *trothad*, *come here*, pl. *trothadaibh*.

i. *Theab* (mi), (*I*) *had almost*, impersonally *theabas*, or *theabadh*.

ii. *Osa*, *os'* (*arsa ars*), *said*, *quoth*.

iii. Verb-nouns with *a'*, *ri*, *le*, *anns an*, &c. ; as, *A' bàilistearachd*, *talking blusteringly*.

iv. Historic past ; as, *Falbhar*, *I went* ; *buailear*, *I struck*.

2. *Composite* verbs consist of nouns and adjectives in collocation with *is* and *bi* with prepositional pronouns ; as, *Is cuimhne leam*, *I remember* ; *tha fearg air*, *he is angry*.

3. *Preposition* verbs are those requiring a preposition after them to complete their sense ; as, *Tilg bhuat e*, *throw it from you*.

PARTICIPLES.

1. The verb-noun is formed *regularly* by adding *adh* to the root ; as, *Bog*, *steep* ; *bogadh*, *m.*, *a steeping*.

a. When the root ends in *ich*, *isg* (and a few in *il*), *i* is rejected before adding *adh* ; as, *Caraich*, *move*, *carachadh*, *m.*, *a moving* ; *loisg*, *burn*, *losgadh*, *m.*, *a burning* ; *buail*, *strike*, *bualadh*, *m.*, *a striking*.

2. The present participle is the verb-noun preceded by the participle *ag* ; as, *Ag oibreachadh* = *working*.

a. *Ri* is used before a cognate noun ; as, *Ri obair* = *working*.

3. The passive participle adds *te* to the root ; as, *Buailte*, *struck*.

a. When the root ends in *t*, *e* only is added ; and when it ends in *th*, *h* is rejected and *e* only added ; as, *Lot*, *wound*, *loite*, *wounded* ; *bàth*, *drown*, *bàite*, *drowned*.

4. Intransitive verbs, and those verbs whose roots are adjectives as well, have no passive participle ; but *air* with the verb changed into a *verb-noun*, supplies its place ; as, *Tuit*, *fall*, *air tuiteam* (*fhaotainn*) = *fallen* ; *marbh* (*v.* and *adj.*), *kill*, *air a mharbhadh* (*fhaotainn*) = *killed*.

5. The infinitive is the verb-noun preceded by *a* or *ri* ; as, *A bhualadh*, *to strike*.—*Ri* denotes *necessity* ; as, *Ri bhualadh*, (*has*) *to be struck*.

6. The infinitive phrase, is the infinitive preceded by its object ; as, Tigh a thogail, *to build a house*.

a. When the object is a verb-noun the infinitive is not expressed, as ; Dh' iarr e orm sgur (*a dhianamh*), *he told me to stop* ; theab e tuiteam (*fhaotainn*), *he nearly fell*.

7. The participle of intransitive verbs is expressed by the verb *bi* and *ann* with the possessive pronoun ; as, Tha e na 'shuidhe, *he is sitting* ; tha iad na 'n ruith, *they are running*.

a. *Na* here is *ann* transposed ; it is usually written 'n ; as, Tha e 'n a or 'na shuidhe, *he is sitting*.

8. Impersonal forms—Thàtar a' togail an tighe, or tha'n tigh ga 'thogail, *the house is a building* ; tha'n tigh togte, *the house is built*.

9. The middle voice differs in meaning only from the active—such as, Dh'fhosgail an sùilean, *their eyes were opened* ; charaich a' chlach, *the stone moved*.

10. *Ma* and *na'n*—*Ma thig thu gheabh thu 'n t-each*, *if you come you shall get the horse* ; *na'n tigeadh tu gheabhadh tu 'n t-airgid*, *had you come you would have got the money*.

11. *Agus* with a pronoun, or noun, without the verb, may be rendered by the *present participle*, by *as* or *when*, and by *seeing that* ; as, Thuirt Job 's e 'freagairt, *Job answering said* ; thàinig iad òirnn 's sinn ga'r fairigeadh, *they came upon us as we were bathing* ; thig a stigh 's tu cho sgàth, *come in seeing that you are so tired*.

AUXILIARY PARTICLES.

1. *Present*—

i. *ag* ; as, Tha iad ag òl, *they are drinking*.

ii. *a'* ; as, Tha iad a' filleadh, *they are folding*.

- *ga* ; as, Tha iad ga 'n glanadh, *they are cleaning them* ; *ga* = *ag* transposed

iii. *ann* ; as, Tha iad na 'n suidhe, *they are sitting*.

. iv. *ri* ; as, Bha iad ri 'm biadh, *they were at their meal*.

2. *Past*—

do ; as, An do thuit e ? *did he fall ?*

dh', d' ; as, Dh'òl mi, *I drank* ; as, An d' òl thu ? *did you drink ?*

3. *Participial*—

(a) past, *air* ; as, Tha iad air tighinn, *they are just arrived.*

(b) future (i) *a* ; as, A dh-òl, *to drink.*

(ii.) *gu* ; as, Gu tuiteam, (*about*) *to fall.*

4. *Interrogative*—

i. *am* ; as, Am buail mi ? *shall I strike ?*

an ; as, An cuir mi ? *shall I put ?*

an do ; as, An do chuir mi ? *did I put ?* An do, as here, is often contracted into '*na*' ; as, 'Na chuir mi ?

ii. *nach* ; as, Nach cuir mi ? *shall I not put ?*

(iii.) *Co, cia, ciod* ; as, Co bhuail thu ? *who struck you ?*

5. *Affirmative*—

(a) Positive, i. Gu—gu'm gu'n gur ; as, Gu'm beil e, *that he is ; gur h-è, that it is he.*

ii. *nach* ; as, Thuirt e nach robh e, *he said that it was not.*

(b) Negative, i. *cha* ; as, Cha robh e, *he was not.*

ii. *cha'n* ; as, Cha'n 'eil e, *he is not.*

6. *Conditional*—

(i) *ma* ; as, Ma bhuaileas e, *if he strikes.*

ii. *na'm, na'n* ; as, Na'm buaileadh e, *if he should strike.*

iii. *ge, ged, gar* ; as, Ged a bhuaileadh e, *though he should strike.*

7. *Imperative*—

na ; as, Na cuir, *do not put.*

8. *Optative*—

i. *gu—gu'm, gu'n* ; as, Gu'n tigeadh do rìgheachd, *thy kingdom come.*

ii. *nar, nara* ; as, Nar fhaiceam na féidh, *may I not see the deer.*

BI, TO BE.

INDICATIVE MOOD.					
Personal.		Impersonal.			
Present.	Past.	Future.	Present.	Past.	Future.
Am beil ? nach 'eil ? cha'n 'eil. gu'm beil. nach 'eil. ma thà. mur h-'eil. bhon a geda mar a a	an nach cha gu'n nach ma bhà mur robh bho'n a ged a mar a a	am bi ? nach bi ? cha bhi. gu'm bi. nach bi. ma bhitheas. mur bi. bho'n a ged a mar a a	am beileas, -ear ? nach 'eileas ? cha'n eileas. gu'm beileas. nach 'eileas. ma thàtar. mur h-'eileas. bho'n a ged a mar a a	an nach cha gu'n nach ma bhàtar. mur robhas. bho'n a ged a mar a a	am bítear ? nach bítear. cha bhítear. gu'm bítear. nach bítear. bhítear. mur bítear. bhon a ged a mar a a

CONTRACTED FORMS.

Bithidh, *contr.* bidh, *will be*; bhitheas, *contr.* bhios, *relative form—will be*; this form is used after the relative a; ged a, *though*; bho'n a, *seeing that*; ma, *if*. North of Fort Augustus, it is used for bithidh; as, Bios tu sgìth, *you shall be tired*.

SUBJUNCTIVE MOOD.

Past Tense.

Active.	Impersonal.	Interrogative.		Active.	
am bithinn ? nach bithinn ? cha bithinn. gu'm bithinn. nach bithinn. na'm bithinn. mur bithinn. bho'n a, &c., bithinn.	am biteadh ? nach biteadh ? cha bhiteadh. gu'm biteadh. nach biteadh. na'm biteadh. mur biteadh. bho'n a, &c., bhiteadh.	am { nach { bithinn ?		<i>Responsive.</i> { bhithinn sin. { (<i>dhianainn sin</i>) <i>active.</i> { bhithinn. { bhithreamaid. { bhithreamaid sin. { (<i>dhianamaid sin.</i>)	
		am { nach { buaileamaid ?		<i>Passive or Impersonal.</i> { bhiteadh ? { (<i>dhianteadh sin.</i>) <i>passive</i>	

CONTRACTED FORMS.

Bitheamaid, *contr.* biomaid ; bitheadh, *contr.* biodh.

A question asked in the past subjunctive, is answered, when not emphatical, in the third person. Power, liberty, or obligation, is rendered by the auxiliaries *is urrainn, faodaidh, fèunaidh*, p. 41.

REGULAR VERBS.

INDICATIVE.		SUBJUNCTIVE.		PAST INDICATIVE.	
Active.	Passive.	Active.	Passive.	Active.	Passive.
An GLAN ? nach glan ? cha ghlán. gu'n glán. nach glán. ma ghlánas. mur glán. bho'n a ged a } ghlánas. mar a } a	an } glanar ? nach } cha ghlán gu'n glánar nach glánar. ma ghlánar mur glánar bho'n a ged a } ghlánar. mar a } a	an } glanar ? nach } cha ghlánainn gu'n glánainn. nach } glánainn. na'n } mur } bho'n a ged a } ghlán- mar a } ainn. a	an } glanteadh ? nach } cha ghlánteadh gu'n } nach } glanteadh. na'n } mur } bho'n a ged a } ghlán- mar a } teadh. a	an } do ghlán ? nach } cha } gu'n } do ghlán- nach } adh. na'n } mur } bho'n a ged a } ghlán- mar a } adh. a	an } do ghlán- nach } adh ? cha } gu'n } do ghlán- nach } adh. na'n } mur } bho'n a ged a } ghlán- mar a } adh. a
am FAOD, FIMIR ? nach fhaod ? cha'n fhaod. gu'm faod. nach fhaod. ma dh'fhaodas. mur fhaod. bho'n a ged a } dh'fhaod- mar a } as. a	am } faodar ? nach } fhaodar ? cha'n fhaodar. gu'm faodar. nach fhaodar. ma dh'fhaodar. mur fhaodar. bhon a ged a } dh'fhaod- mar a } ar. a	am faodainn ? nach fhaodainn ? cha'n fhaodainn. gu'm faodainn. nach dhaoainn. na'm faodainn. mur fhaodainn. bhon a ged a } dh'fhaod- mar a } ainn. a	am faodteadh nach fhaodteadh cha'n fhaodteadh gu'm } nach } faodteadh. na'm } mur } bho'n a ged a } dh'fhaod- mar a } teadh. a	an } nach } cha } gu'n } d'fhaod. nach } na'n } mur } bhon a ged a } mar a } a	an } nach } cha } gu'n } d'fhaod- nach } adh. na'n } mur } bhon a ged a } mar a } a

The terminations *-ail, -ain, -ainn, -air*, become *-la, -na, -ra*, when inflected; as, *Fosgail, fosglaidh*.

IS WITH VERBAL PARTICLES.

<i>Present.</i>		<i>Past.</i>	
Am mi ?	an tu ?	Am bu mhi ?	am bu tu ?
an sinn ?	an sibh ?	am bu sinn ?	am bu sibh ?
Nach mi ?	nach tu ?	Nach bu mhi ?	nach bu tu
nach sinn ?	nach sibh ?	Nach bu sinn ?	nach bu sibh
Cha mhi	cha tu	Cha bu mhi	cha bu tu
cha sinn	cha sibh	cha bu sinn	cha bu sibh
Gur mi	gur tu	Gu'n bu mhi	gu'm bu tu
gur sinn	gur sibh	gu'm bu sinn	gu'm bu sibh
Nach mi	nach tu	Nach bu mhi	nach bu tu
nach sinn	nach sibh	Nach bu sinn	nach bu sibh
Ma's mi	ma's tu	Na'm bu mhi	na'm bu tu
ma's sinn	ma's sibh	na'm bu sinn	na'm bu sibh
Mur mi	mur tu	Mur bu mhi	mur bu tu
mur sinn	mur sibh	mur bu sinn	mur bu sibh
Bho'n is mi	bho'n is tu	Bho'n bu mhi	bho'n bu tu
bho'n is sinn.	bho'n is sibh.	bho'n bu sinn	bho'n bu sibh
			am b'e ?
			am b'iad ?
			nach b'e ?
			nach b'iad ?
			cha b'e
			cha b'iad
			gu'm b'e
			gu'm b'iad
			nach b'e
			nach b'iad
			na'm b'e
			na'm b'iad
			mur b'e
			mur b'iad
			bho'n a b'e
			bho'n a b'iad

EXAMPLES.

Am mi ? *is it I ?* Nach mi ? *is it not I ?* Cha mhi, *it is not I.* Gur mi *(he says) that it is I.* Nach mi *(he says) that it is not I.* Ma's mi, *if it is I.* Na'm bu mhi, *if it were I.* Mur mi, *if it is not I.* Bho'n is mi, *as it is I.*

IRREGULAR VERBS.

INDICATIVE.		SUBJUNCTIVE.		PAST INDICATIVE.	
<i>Active.</i>	<i>Passive.</i>	<i>Active.</i>	<i>Passive.</i>	<i>Active.</i>	<i>Passive.</i>
An Abair ? nach abair ? cha'n abair gu'n abair nach abair ma their mur h-abair bho'n a their	an abair ? nach abair ? cha'n abair gu'n abair nach abair ma their mur h-abair bho'n a their	an abrainn ? nach abrainn ? cha'n abrainn gu'n abrainn nach abrainn na'n abrainn mur h-abrainn bho'n a their	an ? nach ? cha'n gu'n nach na'n mur h- bho'n a their	an nach cha gu'n nach ma their mur d'thuirt bho'n a thuir.	an d'thuirteadh ? nach cha gu'n nach na'n mur bho'n a thuirteadh.
Am Beir ? nach beir ? cha bheir gu'm beir nach beir ma bheireas mur beir bho'n a bheireas	am beir ? nach beir ? cha bheir gu'm beir nach beir ma bheir mur beir bho'n a bheir	am beirinn ? nach beirinn cha bheirinn gu'm beirinn nach beirinn na'm beirinn mur bho'n a bheirinn.	am beirteadh nach beirteadh cha bheirteadh gu'm beirteadh nach beirteadh na'm beirteadh mur bho'n a bheirteadh.	an nach cha gu'n nach ma rug mur d'rug bho'n a rug	am nach cha gu'n nach ma rugadh mur d'rug bho'n a rug
An Cluinn nach cluinn cha chluinn gu'n cluinn nach cluinn ma chluinneas	an cluinnear nach cluinnear cha chluinnear gu'n cluinnear nach cluinnear ma chluinnear	an cluinninn. nach cluinninn cha chluinninn gu'n cluinninn nach cluinninn na'n cluinninn	an cluinnteadh nach cluinnteadh cha chluinnteadh gu'n cluinnteadh nach cluinnteadh na'n cluinnteadh.	an cuala nach cuala cha chuala gu'n cuala nach cuala ma chuala	an cualas nach cualas cha chualas gu'n cualas nach cualas ma chualas

